

An t-inneal ùr agad

Aonta Cleachdaidh



Tha [Insert ORGANISATION NAME] toilichte inneal ùr a thoirt dhut agus goireasan airson taic a chumail ris.

Nuar a tha sinn ag ràdh "thu/sibh" anns an aonta seo, tha sinn a' ciallachadh an neach/na daoine a tha a' gabhail càram an inneil agus an taic.

Tha do chuideachadh a' tighinn fo phròiseact **Connecting Scotland** (<https://connecting.scot>) a th'air a mhaoineachadh le **Riaghaltas na h-Alba**. Tha Comhairle Alba airson Buidhnean Saor-thoileach (SCVO) a' stiùireadh a' phròiseict le taic bhon Ùghdarris ionadail agad.

Tha an t-inneal agus, far a bheil sin riatanach, na ceanglan eadar-lìn gan tairgse dhut gun chosgais.

Mar a dh'fhaodas tu fios a chur thugainn

Ma tha feum agad air fios a chur thugainn an co-cheangal ris an inneal, no ceanglan eadar-lìn a tha sinn a' frithdealadh, no an t-Aonta Cleachdaidh seo, faodar sin a dhèanamh tron t-slighe seo:

[Digital Champion name and contact details]

Ma tha thu airson coluadar a dhèanamh le Connecting Scotland, faodar sin a dhèanamh tro:

Loidhne-taice: **0800 0 590 690** (Diluain gu Dihaoine bho 10am gu 4f)
Post-d: **help@connecting.scot**

Teirmichean agus Cumhaicheadh

Le bhith a' gabhail sealbh air an inneal seo agus an taic, tha thu ag aontachadh gu bheil thu air na teirmichean agus cumhaicheadh a leanas a leughadh agus a thuigsinn, agus gu bheil thu ag aontachadh riutha:

- Tha sealbh agad fhèin air an inneal a-nis. Ged is e sin an suidheachadh, tha e air a thoirt dhut le deagh-rùm gun gabh thu a chùram airson a chleachdad leat fhèin agus leis an teaghlaich agad. Ma thig e gu bhith nach eil feum agad air an inneal, bu chòir a thilleadh thugainn ach an gabh e toirt do chuideigin bho theaghlaich eile a tha am feum cobhair.

- The e mar uallach ort a bhith a' cleachdad an inneil agus an t-eadar-lòn gu sàbhailte agus gu laghail. Tha thu a' gabhail ris nach eil bacadh sam bith ort bho bhith a' cleachdad an eadar-lìn.
- Mur eil bann-leathann agad anns an dachaigh, bidh sinn a' toirt dhut uidheam siubhail Wi-Fi a bhios na cheangal chun eadar-lìn thairis air an lìonradh siubhail. Tha an t-inneal a' tighinn le èire data gun chrìch airson 24 mìos (a' gabhail ri poileasaidh cleachdaidh cothromach). An deidh 24 mìos, feumar aonta eile a chur air dòigh leat fhèin airson data siubhail agus bann-leathann dachaigh. Gheibhean barrachd fiosrachaидh bhuainn nas fhaisge air an àm a' mìneachadh na ghabhas dèanamh agus na roghainnean. Tha a' chùmhant airson a' cheangail siubhail seo le SCVO agus bidh e nan comas-san a bhith a' measadh an dòigh sam bi thu a' cleachdad an eadar-lìn no làraich-lìn ach chan fhaic iad carson a tha thu a' cleachdad an eadar-lìn no na làraich a bhios tu a' cleachdad - chan urrainn do SCVO càil a dhèanammh ach an èire cleachdaidh a thomhas. Bu chòir a bhith mothachail gur dòcha gun stad SCVO WIFI siubhail mur a tèid a chleachdad taobh-staigh grunn mhiosan an dèidh fhaighinn. Ma tha trioblaid agad leis a' cheangal, cha bhi e comasach dhut a dhol dìreach gu Vodafone, ach till thugainn fhèin, no feuch saor-fòn taice Connecting Scotland. Tha thu ag aontachadh a bhith a' cleachdad an inneil siubhail WiFi a-rèir teirmichean agus cumhaichean Vodafone agus na poileasaidhean aca. Tha thu a' tuigsinn ma ni thu mi-fheum dhen cheangal eadar-lìn a th'air a thairgse dhut, gun urrainnear an ceangal sin a stad no a chur an àrdna taobh gun fhios a leigeil thugad.
- 'S dòcha gu bheil rud sam bith a thèid ceàrr leis an inneal a' tighinn fo bharantas bhon chompanaidh a chruthaich e ach chan eil barrantas mar seo a' gabhail a-staigh milleadh sam bith a thachras le do choire-sa, a' gabhail a-staigh milleadh a thachras le turchairt. Ma tha rudeigin ceàrr air an inneil faodaidh tu sin a thogail leinn tro na dòighean a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd.
- Tha e an urra riut fhèin a bhith a' seirbhiseachadh, a' cumail suas agus a' gabhail cùram an inneil. Chan eil uallach sam bith oirnne airson a bhith a' seirbhiseachadh, no a' cumail suas an inneil, agus cha mò tha sin a' tighinn air SCVO, Riaghaltas na h-Alba no a' Chomhairle ionadail agad. Tha thu ag aontachadh gabhail ri na teirmichean agus cumhaichean aig a' bhuidhinn a chruthaich an t-inneal.
- Ma tha feum agad air taic le bhith a' deiseileachadh/agus no cleachdad an inneil, bu chòir fios a chur thugainne anns a' chiad dol-a-mach. Faodar cuideachd fios a chur gu Loidhne-taice Connecting Scotland.
- Seach gu bheil Connecting Scotland ga mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, agus air a stiùireadh le SCVO tro chom-pàirteachas leis a' Chomhairle ionadail agad, tha sinn a co-roinn fiosrachaيدh mu d'dheidhinn leotha agus mar a fhuaireann thu an t-inneal agus an taic. Tha tuilleadh fiosrachaيدh mun phròiseas sgaoilidh fiosrachaيدh seo ri fhaighinn anns an t-sanas diòmhaireachd aig Connecting Scotland ann am For-ràth 1 dhen aonta seo. Faodar cuideachd an sanas diòmhaireachd fhaighinn aig: www.connecting.scot/privacy. Bidh an sanas

dìomhaireachd ga ùrachadh bho àm gu àm a' gabhail aire do dh'atharraichean ann an modhan-obrach no anns an lagh agus leis sin, tha sinn a' moladh gum bu chòir dhut sùil a chumail air aig a' cheangal nuair a tha cothrom agad tron eadar-lion. Tha thu ag aideachadh agus ag aontachadh gu bheil thu air an t-sanas dìomhaireachd seo a leughadh agus a thuigsinn.

- Tha thu ag aontachadh fios a chur thugainn ma tha atharrachadh sam bith a' tighinn air far an cuir sinn fios thugad anns na 24 mìosan a tha romhainn.
- Tha thu a' tuigsinn gur dòcha gun cuir sinn fhèin no Connecting Scotland fios thugad thairis air na 24 mìosan romhainn ach am bi tuigse nas fheàrr againn air na buannachdan a fhuras bhon inneal agus bhith bhith a' gabhail cothrom air an eadar-lion bhon dachaigh.

Tha thu a' tuigsinn gu bheil Connecting Scotland air a mhaoineachadh le Raigahaltas an h-Alba, agus ga stiùireadh le SCVO ann am compàirteachas leis a' Chomhairle ionadail agad, agus tron sin gu bheil còraichean aig buidhnean eile fon aonta seo.

Tha mi air an Aonta Cleachdaidh seo a leughadh agus a thuigsinn agus tha mi a' gabhail ri na teirmichean:

D'ainm

Làmh-sgrìobhaidh

Ceann-latha



For-ràth 1 dhen Aonta Cleachdaidh

Sanas Dìomhaireachd

Adhbhar an t-Sanais Dìomhaireachd seo

Ma tha thu a' faighinn inneal agus/no taic fo phrògram Connecting Scotland (<https://connecting.scot>) innisidh an sanas diomhaireachd seo mar a tha sinn a' cleachdadh an data pearsanta agad, agus mu na còraichean a th'agad air an data.

Ma dh'fhaoidte gun tèid an sanas diomhaireachd seo atharrachadh bho àm gu àm a' togail air atharrachaidhean anns na modhan-obrach againn no anns an lagh ach ma nì sinn sin, bidh sinn a' toirt cothrom dhut leth-bhreac ùr fhaighinn dhen t-Sanas Dìomhaireachd cho luath sa tha sin pragtaigeach. Chaidh an Sanas Dìomhaireachd seo ùrachadh mu dheireadh air 20/11/2020.

Cò Sinn?

Tha prògram Connecting Scotland air a mhaoineachadh agus a stiùireadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha am prògram air a stiùireadh le Comhairle Alba son Buidhnean Saor-thoileach (SCVO) às leth Riaghaltas an h-Alba - `s e Buidheann Corpaichte Cathrannais a th'ann an SCVO clàraichte ann an Alba elis an àireamh SC003558 agus tha an Oifis Clàraichte aig Ionad Mansfield Traquair, 15 Ceàrnag Mhansfield, Dùn Èideann, EH3 6BB. Tha taic aig Connecting Scotland cuideachd bhon Chomhairle ionadail agad agus an treas roinn no buidheann poblach a tha a' tairgse an inneil agus an taic dhut fon phrògram.

Ann a bhith a-staigh air a' phrògram aig Connecting Scotland, bidh thu a' co-roinn fiosrachadh data pearsanta. Gu h-àbhaisteach `s e Riaghaltas na h-Alba a tha a' cumail smachd air an fhiosrachadh pearsanta a bheir thu seachad son a' phrògram, agus `s e SCVO a tha a' làimhseachadh an data às leth an Riaghaltais – tha seo seach gu bheil SCVO a' stòradh agus a' stiùireadh data às leth Riaghaltais na h-Alba. Taobh-staigh an t-Sanas Diomhaireachd, far a bheil sinn ag ràdh "**sinn**", "**sinne**", "**ar**" tha sinn a' ciallachadh Riaghaltas na h-Alba.

Tha a' bhuidheann a bheir dhut an t-inneal cuideachd a' làimhseachadh data do Riaghaltas na h-Alba seach gu bheil iad a' cruinneachadh an data bhuat (agus ga thoirt do SCVO).

Son fios a chur thugainn

Ma tha ceistean sam bith agad mun t-Sanas Diomhaireachd seo no mun dòigh anns a bheil sinn a' cleachdadhbháin data pearsanta son adhbharan a' phrògram aig Connecting Scotland, faodaidh tu fios a chur thugainn mar a leanas:

Faodar fios a chur thugainn tro phost-d no air fòn aig:

help@connecting.scot

0800 0 590 690

Dè am fiosrachadh a tha sinn a' cruinneachadh?

A measg na dh'fhaodadh a bhith anns an fhiosrachadh a tha sinn a' cruinneachadh tha:

- Ainm
- Co-latha breith
- Àireamh fòn son fios
- Seòladh post-d
- Baile/Prìomh-bhaile
- Còd-puist
- Ùghdarras ionadail
- Àireamh inbheach san Dachaigh
- Àireamh chloinne san Dachaigh
- Aoisean inbheach san Dachaigh

- Aoisean chloinne san Dachaigh
- An tomhas a tha thu a' freagairt son cothrom a ghabhail air a' phrògram – gu mionaideach a bheil clan a' fuireach còmhla riut, a bheil thu nad neach-cùraim, no air do mheasadh aig ire nas àirde de chunnart aonaranachd tro èiginn a choronovirus air adhbharan slàinte a tha gad fhàgail nas buaitich a bhith so-leonta.
- A bheil no nach eil thu ciorramach
- An ire de dh'fheumalachdan didseatach a tha san dachaigh.
- An ire de sgilean didseatach agus misneachd a tha san dachaigh.
- Àireamh siubhail SIM an inneil

Dh'fhaodadh gun glèidh sinn cunntas tro notaichean air a' choluar eatarainn fhein no tro chom-pàirteachasan – mar eisimpleir ma tha thu a' cur fios thugainn tro phost-d no air fòn son taic. Thèid fiosrachadh mar sin a chlàradh agus a ghlèidheil.

‘S dòcha gun iarr sinn ort fiosrachadh a thoirt dhuinn mun phrògram agus togaidh sinn fiosrachadh bhuat mun sin airson an adhbhair sin.

Ma tha thu a' faighinn a' cheangail eadar-lìnn bhuainn, ‘s dòcha gum bi sinn a' faighinn fiosrachadh mu na tha thu a' cleachdad (ach chan fhaic sinn carson a tha thu a' cleachdad an eadar-lìn agus/no na làraich-lìn a tha thu a' cleachdad).

Ciamar a chruinnicheas sinn am fiosrachadh?

Faodaidh tu am fiosrachadh pearsanta a thoirt dhuinn gu dìreach anns na foirmichean againn no tro choluar eile leinn. Bidh sinn cuideachd a' faighinn fiosrachadh data pearsanta ann an dòighean eile bho (a) SCVO agus a' bhuidheann a bhios a' toirt dhut an inneil agus a' cumail taic riut, agus (b) bhon fiosrachadh cleachdad data siubhail agad ma tha sinne a' frithealadh a' cheangail eadar-lìn dhut.

Ciamar a chleachdas sinn am fiosrachadh?

Cleachdaidh sinn an data seo son:

- Taic a chumail riut son an inneil agad a chleachdad agus ceangal ris an eadar-lòn
- Fios a chur thugad le fiosrachadh cudromach mun phròiseact, an t-inneal agad agus do cheangal chun eadar-lìn
- Fiosrachadh a shiubhal mu sheirbheisean poblach a dh'fhaodadh a bhith na thaic dhut
- Coluadar a chur air adhart a mheasadh buaidh a' phròiseict
- Na cùmhnan tan ceangail siubhail a stiùireadh
- Athaisgean stadastaigeil gun ainm a dheisealachadh air an àireamh de dhaoine a tha a' faighinn taic
- Fianais a thairgse do luchd-measaidh mu dhòighean anns an deach airgead poblach a chosg

Tha Riaghaltas na h-Alba a' stèidheachadh na tha iad a' dèanamh leis an fhiosrachadh data pearsanta agad air an lagh fo na h-adhbharan gu h-àrd: tha a bhith ga làimhseachadh riatanach airson gnìomh a thathas a' cur air adhart son maith a' phobail no ann a bhith a coileanadh an ùghdarrais oifigeil a tha air a bhuileachadh air a' bhuidhinn/neach-làimhseachaidh (Artaigil 6(1)(e) de GDPR).

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur earbsa anns an tomhas a bharrachd a leanas airson a bhith a' làimhseachadh roinn sònraichte data (slàinte) airson nan abdhbhar gu h-àrd: tha an làimsheachadh an co-cheangal ri data pearsanta a tha gu follaiseach air an sgaoileadh gu poblach le gnothach an data (Artaigil 9(2)(e) de GDPR).

A bheil sinn a' co-roinn an data agad?

Tha sinn a' co-roinn an data agad le cuid eile ann an suidheachaidhean àraigid:

- Tha cothrom aig SCVO air an data pearsanta agad mar bhuidhinn a tha a' làimhseachadh a' phrògram agus an an data às ar leth. Faodaidh SCVO cuideachd, tron phrògram, taic a thairgse dhut gu dìreach airson an inneil agus an ceangal a chleachdad.
 - Tha cothrom aig a' bhuidhinn a chruinnich an data pearsanta agad agus a bheir dhut an t-inneal air an data pearsanta agad. Tha seo airson cothrom a thoirt dhaibh do chuideachadh mar a bhios feum.
 - Tha buidhnean seirbhisichidh eile air am fastadh leinn airson seirbheisean a' lìbhrigeadh (mar eisimpleir son ar siostam CRM a stiùireadh agus a bhith a' frithealadh seribheisean aoigheachd). Tha e mar uallach air na buidhean fastaichte gach ceum a tha iomchaidh thaobh dòn a ghabhail airson do chuid data a dhòn a-rèir nam poileasaidhean againn fhèin.
 - Gu h-àbhaisteach cha bhi cothrom aig an ùghdarris ionadail agad air an fhiosrachadh phearsanta a tha thu a' toirt seachad airson a' phrògram mur eil leithid de cho-roinneadh cuideachail ann a bhith a' toirt cothroman inntrigidh dhut air seirbheisean eile, agus/no taic. Ma bhios leithid de cho-roinn a' tachairt, bheir an t-ùghdarris ionadail agad dhut sanas diomhaireachd fa-leth a' mìneachadh ciamar a tha iad a' dol a chleachdad fiosrachadh pearsanta a fhuair iad bhuainn.
 - Bidh sinn cuideachd a' toirt an fhiosrachaiddh phearsanta agad do bhuidhnean eile far a bheil sinn fo uallach lagha sin a dhèanamh.
 - Bheir sinn fiosrachadh mu d'dheidhinn do neach sam bith le do chead.
- Gu h-àbhaisteach, bidh am fiosrachadh pearsanta a tha sinn a' togail bhuat air a chumail taobh-staigh an RA no Roinn Eacnomach na h-Eòrpa (EEA). 'S dòcha gun siubhal sinn data taobh-muigh an RA no EEA far a bheil luchd lìbhrigidh a' cumail, a' làimhseachadh no a' stòradh data taobh-muigh an RA no an EEA. Far am bi sinn a' dèanamh sin, dearbhaidh sinn gu bheil e a' tachairt le dùthaich le dòn coileanta no a tha air a chur air adhart ann an suidheachaidhean far a bheil sinn air modhan dòn freagarrach a chur a-staigh a tha a' caomhnadh an data pearsanta agad a-rèir laghan dòn data freagarrach (m.e. clàs-cùmhaint àbhaisteach).

Dè cho fada sa chumas sinn an data agad?

Anns a' chumantas, cha ghlèidh sinn am fiosrachadh pearsanta agad nas fhaide na tha e feumail airson gach adhbhar a chaith a mhìneachadh anns an t-Sanas Dìomhaireachd seo, mura feum sinn am fiosrachadh data agus a chumail son ùine a bharrachd ach an lean sinn an lagh no riaghailtean cleachdaidh.

Ach an dearbh sinn ùine glèidhidh freagarrach airson data pearsanta, tha sinn a' breithneachadh air na th'ann, a sheòrsa, cho frionasach sa dh'fhaodadh e bhith, a' measadh a bheil cunnart ann nan rachadh mi-fheum no cleachdad gun chead a dhèanamh leis an data pearsanta agad, na h-adhbharan airson a bheil sinn a' làimhseachadh an data agus a bheil dòighean eile ann far an tèid againn air cùisean a choileanadh, agus gach adbhar lagha a dh'fhaodadh a bhith a' bualadh air a' chùis.

Ann an cuid de shuidheachaidhean faodaidh sinn ceangal sam bith leat a dhubhadh às gus nach aithnichear gur ann leat a tha e, agus ma nì sinn sin, faodaidh sinn am fiosrachadh sin a chleachdad a' dol air adhart gun a chòrr fios a chur thugad.

Cuiridh sinn às dhan fhiosrachadh pearsanta agad trì blaithna an dèidh dhuinn sgur a fhrithealadh seirbheis dhut.

Ag ùrachadh do chuid fhiosrachaидh

Cuir fios thugainn aig na seòlaidhean/àireamhan gu h-àrd cho luath sa ghabhas ma tha cùisean ag atharrachadh anns an fhiosrachadh agad, a' gabhail a-staigh far a bheil thu a' fuireach agus ri d'fhaotainn.

Do chòraichean air d'fhiosrachadh

Tha na còraichean agad fo lagh dòn data mar a leanas:

- **Inntríeadh:** Iarr cothrom do chuid data fhaicinn (gnothach air a bheil 'data subject access request'). Bheir seo cothrom dhut lethbhreac fhaighinn dhen data pearsanta a th'againn mu d'dheidhinn agus dearbhadh gu bheil sinn ga làimhseachadh ann an dòigh laghail.
- **Ceartachadh:** Iarr fiosrachadh data pearsanta a tha sinn a' cumail mu d'dheidhinn a cheartachadh.
- **Dubhadh às:** Iarr an data fiosrachaидh pearsanta agad a dhubhadh às. Bheir seo an cothrom dhut iarraidh oirnn cur às dhan data no a għluasad far nach eil deagh adbhar a bhith cumail air adhart ga làimhseachadh. Tha còraichean agad cuideachd iarraidh oirnn do chuid fiosrachaيدh a dhubhadh às no a għluasad far eil a bheil thu air soirbheachadh le bhith a' cur an aghaidh dòighean-làimsheachaidh (faic gu h-ċosal), far dòcha gun do làimhsich sinn am fiosrachadh

agad gu mi-laghail no far am feum sinn am fiosrachadh data pearsanta agad ach an cùm sinn ri laghan ionadail.

- **Cur an aghaidh:** cur an aghaidh dòighean làimhseachaidh air an fhiosrachadh data pearsanta agad far a bheil sinn a cleachdadùidh fon lagh mar adhbhar (no a bhoineas do bhuidheann/neach eile) agus gu bheil rudeigin mun t-suidheachadh agad a tha sònraichte a tha a' ciallachadh gu bheil thu airson cur an aghaidh làimhseachadh air bhonn is gu bheil e a' toirt buaidh air na còraichean agus saorsa bunaiteach agad. Ann an cuid de shuidheachaidhean, faodaidh sinn mineachadh gu bheil adhbharan cumhachdach laghail againn do chuid fhiosrachadh a làimhseachadh ann an dòigh a tha air thoisearch air na còraichean agad agus do chuid saorsa.
- **Bacadh :** Iarr bacadh a chur air an dòigh sam bheileas a' làimhseachadh an fhiosrachaidh data pearsanta agad. Tha seo a' toirt dhut cothrom iarraighe oirnn stad a chur air a bhith ga làimhseachadh anns na suidheachaidhean a leanas: (a) ma tha thu airson dearbhadh gu bheil an data ceart; (b) far a bheil sinn ga chleachdadùidh gu mi-laghail ach nach eil thu ag iarraighe oirnn a dhubhadh às; (c) far a bheil feum agad gun cùm sinn an data fiùs ged nach eil feum againne air seach gu bheil feum agad fhèin air airson còraichean laghail a dhaingneachadh, a chleachdadùidh no a dhòn; no (d) gu bheil thu air gearan mun dòigh sam bheil sinn a' làimhseachadh do chuid data ach gum feum sinne dearbhadh gu bheil còraichean nas treasa laghail againn airson a chleachdadùidh.
- **Cead-gluasad:** Iarr an data pearsanta agad a għluasad thugad fhèin no buidheann/neach eile. Bheir sinn dhut, no do bhuidheann/neach eile a tha thu a' comharrachadh, do chuid data pearsanta ann an dòigh a tha structarail, àbhaisteach son a chleachadh agus ann an rìochd a għabhas cleachdadùidh le uidheam. Thoir an aire nach eil seo mar chóir agad ach a-mhàin airson fiosrachadh fèin-ghluasadach dhan tug thu dhuinn clead-cleachaidh bho thus no airson cùmhñant a choileanadh leat.
- **A' tarraing cead:** aig àm sam bith far a bheil sinn an eisimeil air cead airson do chuid data pearsanta a chleachdadùidh.

Faodaidh thu do chòraichean a chleachdadùidh le fios a chur thugainn tro na seòlaidhean a chaidh a mhìnneachadh gu h-àrd.

Chan fheumar cìs a phàigheadh son cothrom a għabhal air an fhiosrachadh data pearsanta agad (no airson còraichean sam bith eile a chur an sàs). Faodaidh sinn, ge-tà, cìs reusanta a bhuleachadh ma tha an t-iarritas agus gu soilleir gun bhunait, ath-aithriseil no aibheiseach.

Tha e cuideachd fosgailte dhuinn d'iarritas a dhiùltadh anns na suidheachdaidhean sin.

‘S dòcha gum feum sinn fiosrachadh mionaideach iarraighe ort a chuidicheas leinn dearbhadh gur tu a th’ann agus a dhèanamh cinnteach gu bheil còraichean agad air do chuid data pearsanta (no airson còraichean sam bith eile a chur an sàs). ‘S e adhbhar dòn a tha seo a dhearbas nach tèid am fiosrachadh data pearsanta agad a shiubhal gu neach sam bith gun chóir. Faodaidh sinn cuideachd fios a chur

thugad airson tuilleadh fiosrachaiddh an co-cheangal ris an iarrtas agad ach an cuir sinn cabhag anns a' chùis.

Lorgar tuilleadh fiosrachaiddh mu na còraichean agad air làrach-lìn an ICO aig
<https://ico.org.uk>

Do chòraichean gearain

Ma tha gearan agad mun dòigh sam bheil sinn a' cleachdadadh d'fhiosrachadh, faodaidh tu fios a chur gu Coimiseanair an Fhiosrachaiddh air loidhne aig <https://ico.org.uk/concerns> no air fòn air 0303 123 1113. Chuireamaid luach, ge-tà, air cothrom fhaighinn dèiligeadh ri na draghan agad mus cuireadh tu fios chun ICO agus bu math leinn gun cuireadh tu fios thugainn fhèin anns a' chiad àite.